



The Scottish Parliament
Pàrlamaid na h-Alba

Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba
**Aithisg Àrainneachdail &
Seasmhachd 14/15**



Tha Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba (an SPCB) a' dèanamh adhartas fhathast fa chomhair a rùin a bhith seasmhach na gnìomhan agus a bhith a' lùghdachadh a lorg carboin.

Tha am plana againn san fhad ùine gus ar lorg carboin a lùghdachadh 42% ro 2020. Ged a tha sinn air an rathad gus an targaid 2020 a choileanadh, cha deach againn gu buileach an targaid eadar-mheadhanach a choileanadh am-bliadhna. Tha seo a' sealltainn an dùbhlain a tha romhainn gus atharrachaidhean a dhèanamh mean air mhean gu siostam a tha cheana ag obrachadh gu h-èifeachdach. Bidh na pròiseactan comharraichte airson 2015/16 agus thairis air sin a' dèanamh cinnteach gun coilean sinn an targaid deireannach ann an 2020.

Tha na pròiseactan is prògraman a tha riatanach gus ar sgaoilidhean carboin a lughdachadh air am mìneachadh anns a' phlana rianachd carboin. Tha sgaoilidhean sìos 29% an coimeas ri 2005/06 agus 8% an taca ri bliadhna an-uiridh. Fhuaras a' mhòr-chuid den lùghdachadh seo le bhith a' lùghdachadh an dealain agus a' ghas a bha sinn a' caitheamh ann an togalach na Pàrlamaid. Tha sinn air airgead a chur seachad gus solais LED, a tha tòrr nas èifeachdaiche, a chur anns an togalach an àite nan solas a bha ann.

A thuilleadh air seo, chaidh againn air caitheamh uisge agus pàipeir agus an sgudal iomlan againn a lùghdachadh.

'S e luchd-cleachdaidh an togalaich as cudromaiche a thaobh ar rùintean àrainneachdail. Tha mi glè thaingeil don luchd-cleachdaidh uile a chuidich le beachdachadh air ciamar a dh'fhaodadh iad obair ann an dòigh nas seasmhaiche don àrainneachd.

Tha Achd Atharrachadh na Cliomaid (Alba) 2009 a' cur grunn dhleastanasan air buidhnean poblach, a ghabhas am mìneachadh gu goirid mar: obair gus sgaoilidhean carboin a lùghdachadh; a bhith seasmhach; agus obair gus freagarrachadh ri cliomaid a tha ag atharrachadh. San aithisg seo, thug sinn fianais shoilleir mun dòigh sa bheil sinn a' coilionadh nan dleastanasan seo.

Tha mi an dòchas gum bi an aithisg seo inntinneach agus fiosrachail dhuibh.

David McGill,
Leas-àrd-oifigear
(Cathraiche air Buidheann-stiùiridh
Rianachd Àrainneachdail)

Lorg carboin sìos

↓ 29%



Dealan sìos

↓ 32%



Gas sìos

↓ 40%



Sgudal-làraich sìos

↓ 67%



Pàipear sìos

↓ 50%



Uisge sìos

↓ 12%



Raon	Targaid (a rèir 2005/06)	Fìor-dhèanadas
Lorg carboin	Lùghdachadh 32%	Lùghdachadh 29% 2948.3 tunnaichean CO ₂ e ¹
Dealain	Lùghdachadh 32%	Lùghdachadh 32% 4,474,602 kWh 2403 tunnaichean CO ₂ e
Gas	Lùghdachadh 15%	Lùghdachadh 40% 2,017,050 kWh 373 tunnaichean CO ₂ e
Tursan-gnothaich	neo-iomchaidh	111 tunnaichean CO ₂ e
Sgudal iomlan ag èirigh às	neo-iomchaidh	318 tunnaichean
Sgudal-làraich	Lùghdachadh 72%	Lùghdachadh 67% 51 tunnaichean 19 tunnaichean CO ₂ e
Sgudal ath-chuairtichte agus tothair-ghàrraidh	neo-iomchaidh	Reat ath-chuairteachaidh 84% 266 tunnaichean
Uisge	Lùghdachadh 11% (An taca ri 2011/12)	Lùghdachadh 12% 22,245 m ³ 19 tunnaichean CO ₂ e
Pàipear	Lùghdachadh 11% (an taca ri 2011/12)	Lùghdachadh 50% 21 tunnaichean

¹ CO₂e – tunnaichean de charbon dà-ogsaid co-ionnan.

Lèirsinn

“Thèid sinn nar buidheann beag-charboin.”

Lùghdaichidh sinn sgaoilidhean carbon 32% bhon ìre ann an 2005/06 ro dheireadh 2015.



Plana rianachd carbon

Tha sinn a’ sònrachadh gur e buidheann bheag-charboin tè sa bheil:


- **oidhirp mhòr ann gach bliadhna gus sgaoilidhean a lùghdachadh**
- **lùghdachadh sgaoilidhean follaiseach agus làidir**
- **a h-uile co-dhùnadh a’ toirt fa-near nam buaidhean againn air an àrainneachd – beag agus mòr**
- **sàr mhodhan-obrach àrainneachdail gan cumail.**

Ann an 2010, chruthaich a’ Phàrlamaid a’ chiad phlana rianachd carbon (CMP) aice. Chaidh seo ath-dheasachadh sa Ghiblean 2013 agus chaidh CMP 2020 a chur air bhog. Shuidhich am plana clàr-stiùiridh gus sgaoilidhean carbon na Pàrlamaid a lùghdachadh, agus targaidean dùbhlanaich san eadar-àm agus san fhad-ùine gus sgaoilidhean agus cleachdadh dealain a lùghdachadh 32% ro dheireadh 2015.

Tha còrr is 90% de sgaoilidhean carbon na Pàrlamaid air sgàth cleachdadh dealain is gas. Mar sin, tha a’ phlana CMP 2020 a’ leigeil cuideam mòr air cleachdadh dealain is gas a thoirt sìos le bhith a’ leasachadh smachd air uidheaman san togalach, a’ toirt air siostaman teasachaidh agus èadhraigidh fhreagarrachadh ri ar feuman agus a’ tasgadh airgead ann an uidheam a tha nas èifeachdaiche a thaobh lùtha.

Tha dùil gun tig mu £300,000 de shàbhalaichean gach bliadhna ro dheireadh 2020 an cois liubhairt a' phlana agus lùghdachadh de chòrr is 1,800 tunnaichean de CO₂e sa bhliadhna.

Rè 2014/15, tro chur a' phlana an gnìomh fhuaras lùghdachadh de 253 tunnaichean de CO₂.





Ditheanan ann an gàrraidhean na Pàrlamaid



Real Action on Carbon Emissions

Tha am prògram RACE (Fìor Ghnìomhan air Sgaoilidhean Carboin) ag amas air luchd-obrach Pàrlamaid na h-Alba, agus iadsan a tha a' tadhal air an togalach is na gàrraidhean, a bhrosnachadh gus sgaoilidhean carboin a lùghdachadh, gus freagarrachadh ri atharrachadh cliomaid agus gus leasachadh a thoirt air ar cleachdaidhean àrainneachdail.

Tha am prògram RACE air a ruith le sgioba de luchd saor-thoileach a tha dealasach mu bhith a' leasachadh na h-àrainneachd agus a' cuideachadh càch gus a bhith nas seasmaiche san dòigh sa bheil iad a' tighinn beò aig an obair agus san dachaigh.

A thuilleadh air sin, tha grunn nas fharsainge de luchd-obrach nam ball den Lìonra Eco (Co-oibrichean Àrainneachdail). Tha an Lìonra a' cuideachadh RACE gus deagh chleachdadh àrainneachdail a bhrosnachadh sa h-uile oifis air feadh na Pàrlamaid.

Ann an 2014/15, chuir sgioba RACE raon farsaing de thachartasan air dòigh, agus nam measg bha:

- cuirm suaipheadh leabhraichean – gus ath-chleachdadh leabhraichean a bhrosnachadh;
- cur dìtheanan ann an gàrraidhean na Pàrlamaid (ann am compàirteachas leantainneach le Lios Luibheach Rìoghail Dhùn Eideann) – gus meudachadh ann am bith-iomadachd a bhrosnachadh air làrach na Pàrlamaid;
- Doctor Bike – gus dearbhadh sàbhailteachd don bhaidhseagail a thabhann don bharrachd dhaoine a tha a' siubhal gu obair air rothair.

Amas Cuidich a' Phàrlamaid a dhol na buidheann bheag charboin le bhith a' cumail conaltradh ri luchd-cleachdaidh an togalaich mun phlana rianachd carboin aice.


Lèirsinn Feachd-obrach a tha mothachail air agus a tha ag obair gus buaidh na Pàrlamaid air an àrainneachd a lùghdachadh.

Lorg carboin – CEMARS

B' i a' bhuidheann chorporra a' chiad bhuidheann phoblach gus cumail ri riatanasan CEMARS ann an 2011, agus ghlèidh i teisteanas an sgeama ann an 2015.

Gus teisteanas an sgeama a ghleidheadh, feumaidh buidheann dearbhadh gu bheil rùn agus plana làidir aice gus sgaoilidhean nan gasan taigh-glainne a lùghdachadh, agus gun deach an lorg carboin aice a thomhas a rèir riatanasan ISO 14064-1:2006. Tha an teisteanas air a dhearbhadh gach bliadhna le sgrùdadh a-muigh.

Dhearbh sgrùdadh CEMARS gu bheil na figearan dealain, gas, siubhail, sgudail agus uisge san aithisg seo gun mhearachd.



Targaid:

- Lùghdaich ar lorg carboin **32%** ron Mhàrt 2015 bhon t-suim iomlan ann an 2005/06.

Lùghdachadh iomlan a fhuaras: 29%



Chaidh lorg carboin na Pàrlamaid a lùghdachadh 29% eadar 2005/06 agus 2014/15. Tha sgaoilidhean o raon farsaing de ghniomhan an lùib an lorg carboin, nam measg: cleachdadh gas airson teasachaidh; dealan; sgudal; uisge; agus siubhal air cheann ghnòthaichean pàrlamaideach.

Tha sinn a-nis mu thrì cairteal de ar slighe a dh'ionnsaigh targaid 2020, le mu 1,083 tunnaichean air an toirt far an lorg carboin bho 2005/06 agus lùghdachadh de 253 tunnaichean bho 2013/14.

Targaid:

Lùghdaich caitheamh dealain a-steach **32%** ron Mhàrt 2015 bhon t-suim iomlan ann an 2005/06.

Lùghdachadh iomlan a fhuaras: 32%



Seo cuid de na h-iomairtean ann an 2014/15 a chuir ri bhith a' lùghdachadh caitheamh dealain:

- Chaidh na suidsichean-cuideim airson nam pumpaichean uisge fionnaraichte atharrachadh
- Chaidh solais LED a chur a-steach ann an staidhrichean
- Chaidh ceithir taisearan Aeroseal a chur a-steach ann an làr UB
- Chaidh tiormadairean-làimhe Dyson Airblades a chur a-steach anns na toileatan
- Chaidh solais LEDs a chur a-steach ann an tranasaichean an àite nan solas ìre-ìosal a bh' annta.

Bliadhna	Dealain (kWh)	% lùghachadh
2005/06	6,606,490	
2011/12	5,128,849	22%
2012/13	4,863,840	26%
2013/14	4,571,767	31%
2014/15	4,474,602	32%

Targaid:

Lùghdaich caitheamh gas **15%** ro dheireadh 2015 bhon t-suim iomlan ann an 2005/06.

Lùghdachadh iomlan a fhuaras: 40%



Lùghdaich a' Phàrlamaid cleachdadh gas ann an 2014/15 le 40% an coimeas ri 2005/06. Bha an geamhradh gu math sèimh, agus chuidich sin sinn gus an targaid a choileanadh, còmhla ri leasachaidhean ri rianachd an t-siostaim teasachaidh anns an togalach.

Fhuaras na lùghdachaidhean seo le:

- riaghladh agus prògramadh cùramach den t-siostam teasachaidh gus nach rachadh àitean a theasachadh ach a-mhàin nuair a bhathar gan cleachdadh;
- an teothachd agus àile atharrachadh tro shiostam èadhraigidh an t-Seòmair Deasbaid gus nas lugha de dh'èadhar ùr a libhrigeadh nuair nach robh na h-uimhir de dhaoine ann, rud a tha a' lùghdachadh an èadhair fhuair a dh'fheumas teasachadh;
- iarraidh air luchd-obrach obair còmhla o nas lugha de sheòmraichean eadar an Nollaig agus a' Bhliadhn' Ùr, airson na h-innealan teasachaidh sa chòrr den togalach a chur dheth.

Bliadhna**Caitheamh iomlan ghas (kWh)**

2005/06	3,349,164
2011/12	2,202,713
2012/13	3,039,074
2013/14	2,202,225
2014/15	2,017,050

Targaid:

Lùghdaich sgudal-làraich **72%** ron Mhàrt 2015 bhon t-suim iomlan ann an 2005/06.

Lùghdachadh iomlan a fhuaras: 67%



Ann an 2014/15, chaidh 51 tunnaichean de sgudal a chur don làraich – 103 tunnaichean nas lugha na chaidh a chur ann an 2005/06.

Bho 2005/06, chaidh sgudal-làraich a lùghdachadh agus reataichean ath-chuairteachaidh a mheudachadh le bhith:

- a' cruinneachadh sgudal bìdh airson tochair-ghàrraidh far-làraich;
- a' leasachadh ghoireasan ath-chuairteachaidh;
- a' cur tiormadairean-làimhe an àite tubhailtean pàipeir;
- a' cruthachadh ionadan ath-chuairteachaidh agus a' lùghdachadh an àireamh de bhionaichean fa leth gu mòr.

Annas gach ionad ath-chuairteachaidh, tha earrann mheasgaichte ann airson pàipear, cairt-bhòrd agus botail phlastaig, a thuilleadh air biona airson sgudal coitcheann. Tha àiteachan-tionail a bharrachd rim faotainn airson biadh, tionaichean agus glaine aig gach goireasan tì.


Chaidh am meud iomlan de sgudal suas ann an 2014/15. Mar sin, tha planaichean ann airson tuilleadh obrach ann an 2015/16 gus an ìre de sgudal a lùghdachadh.

Bliadhna	Sgudal iomlan ag èirigh às (tonna.)	Sgudal-làraich (tonnaichean)	% Air a Lùghdachadh	Sgudal athchuartichte agus tochair ghàrraidh (tonnaichean)	% de Reataichean Athchuartichte
2005/06	263	154	neo- iomchaidh	109	41%
2011/12	258	50	67%	208	80%
2012/13	270	48	69%	222	82%
2013/14	250	49	68%	201	80%
2014/15	318	51	67%	266	84%

Targaid:

Lùghdaich caitheamh uisge **11%** ron Mhàrt 2015 bhon t-suim iomlan ann an 2011/12.

Lùghdachadh iomlan a fhuaras: 12%



Tha Pàrlamaid na h-Alba a' cleachdadh uisge nam prìomh phìoban agus uisge à dà tholl-cladhaich air an làraich.

Thathar a' cleachdadh uisge nan toll-cladhaich gus na puill òrnaideach aig beul an togalaich a lionadh agus na toileatan a shrùthladh. Tha nas lugha de bhuidh àrainneachdail aig cleachdadh uisge nan toll-cladhaich airson toileatan a shrùthladh na th' aig uisge nam pìoban, bho nach eil e air a ghiollachd gu ceimigeach. Thathar a' cleachdadh uisge nan toll-cladhaich air a ghiollachd gu ceimigeach sna puill airson smachd a chumail air fàs lìreìn.

Tha uisge nam prìomh phìoban air a chleachdadh airson a h-uile rud eile, leithid glanadh làmhan, òl agus cafaidhean agus taighean-bìdh air an làraich.

Tro sgrùdadh agus riaghladh cùramach de dh'uisge, fhuaras lùghdachadh ann an cleachdadh iomlan an uisge bhon bhliadhna roimhe. Mheudaich cleachdadh uisge nam pìoban bhon ìre as ìsle ann an 2010/11 ri linn fosgladh grunn ghocan airson an t-uisge a shruthladh.

Bliadhna	Toll-cladhaich (m ³)	Prìomh phìoban (m ³)	Iomlan (m ³)
2010/11	28,487	4,624	33,111
2011/12	18,258	6,915	25,173
2012/13	17,955	5,889	23,844
2013/14	16,752	6,115	22,867
2014/15	14,747	7,498	22,245

Targaid:

Lùghdaich caitheamh pàipeir **35%** bhon t-suim iomlan ann an seisean 2² rè seisean 4 (2011-2016).

Lùghdachadh de 50% ann an 2014/15
Lùghdachadh bliadhnail cuibheasach de 47% ann an seisean 4 thuige seo



Tha cleachdadh pàipeir an urra ri seòrsa agus meud nan gnòthaichean pàrlamaideach. Chaidh cleachdadh pàipeir iomlain a lùghdachadh ri linn poileasaidh clò-bhualaidh dà thaobh na duilleige agus le bhith a' lùghdachadh an àireamh de lethbhric aig sgrìobhainnean pàrlamaideach oifigeil a chaidh fhoillseachadh leithid an Iris Gnòthaichean.

Tha pròiseact ris an canar Paper Smart air tòiseachadh mar oidhirp air an tuilleadh lùghdachaidh a thoirt air cleachdadh pàipeir, le bhith a' dèanamh feum de theicneòlasan agus dòighean ùra air obair dhidseatach.

Bliadhna	Tunnaichean	% air a lùghdachadh
Seisean 2 (Cuibheas airson cleachdadh bliadhnail)	40.8	
Seisean 4		
2011/12	16.6	60%
2012/13	24.6	40%
2013/14	24.8	39%
2014/15	20.5	50%
Cuibheas seisein 4	21.6	47%

² Tha am fiosrachadh bun-loidhne seo air a thomhas bho chleachdadh pàipeir cuibheasach rè 2005-2007, oir chan eil am fiosrachadh airson seisein 2 gu lèir (2003-2007) ri fhaotainn.

Tha an Roi-innleachd airson Ceannaich Chùramaich a' dèiligeadh ri 4 prìomh raointean:

- inbhean proifeiseanta
- buaidh àrainneachdail
- cùisean beusach agus sòisealta
- iomairtean beaga agus meadhanach agus solaraichean Albannach.

Air dhuinn ìre a h-aon den Roi-innleachd airson Ceannaich Chùramaich a chur an gnìomh, tha sinn an-dràsta a' leigeil cuideam air co-obrachadh le ar luchd-ceannaich a-staigh gus a bhith cinnteach gun tèid builean àrainneachdail a chur an sàs aig gach ìre de phròiseactan solair. Tha am Manaidsear Àrainneachdail a' cur ri leasachadh nam mion-chomharraichean airson chunntaidhean aig am faodadh droch bhuaidh a thoirt air an àrainneachd agus tha gnothach aige ri leasachadh agus luachadh nan ceistean tagraidh.

Tha planaichean gnìomha àrainneachdail air an aontachadh gach bliadhna le prìomh chunntadairean agus tha an t-adhartas air a sgrùdadh gu leantainneach.



An t-Oifigear Riaghlaidh, am Fìor Urr. Tricia Marwick BPA, a' faighinn nan seillean-meala

Tha a' bhuidheann chorporra a' cumail suas nan gàrraidhean aice fhathast mar thaic do bhith-iomadachd na sgìre.

Chaidh ceàrn mòr de na gàrraidhean àrdachadh agus chaidh dìtheanan, preasan, feòir fhiadhain agus craobhan a chur – planntaichean a

tha uile dùthchasach do dh'Alba. Tha na lòintean dìtheanach air an dealbhadh gus a bhith eu-coltach ris na rèidhleanan fòid gearrta le lusan feartail leithid a' choirein leantalaich, a' ghreabain agus crobh-priachain an lòin (*sticky catchfly, dropwort and meadow cranesbill*).

Tha an àireamh de lusan agus flùraichean fiadhaich air meudachadh gu mòr sna beagan bliadhnaichean a dh'fhalbh le luchd-obrach saor-thoileach ag obair còmhla ri Lios Luibheach Rìoghail Dhùn Eideann (RBGE). Dh'fhàs luchd-obrach na Pàrlamaid agus RGBE blàthan freagarrach leithid lus nam ban-sìth, cìrean coilich, coirein bhàin agus lus na nathrach (*foxglove, red and white campion and viper's bugloss*), a chuir iad a-muigh sna gàrraidhean as t-fhoghar. A bharrachd air sin, chaidh meud mòr de fhras a' mhodhalain bhuidhe (*yellow rattle seeds*) a chur leis an sgioba mar chuideachadh le ceannsachadh an fheòir agus airson cothrom a thoirt do luibhean eile soirbheachadh. Dà bhliadhna an dèidh don phròiseact tòiseachadh, tha an làrach làn de flùraichean dreachmhor, a tha a' còrdadh ri fiadh-bheathaichean agus ri daoine.

Chaidh sinne agus Kelvin Valley Honey an guaillean a chèile gus dà cholonaidh de sheilleanan-meala, a tha air am brìodadh ann an Alba, fhaighinn aig a' Phàrlamaid. Tha sinn a' gabhail pàirt san iomairt seo mar oidhirp gus barrachd dhaoine a dhèanamh mothachail air an staing sa bheil na seilleanan-meala an Alba agus mar thaic do bhith-iomadachd.

A rèir mar a thèid le side an t-samhraidh, bu chòir gum faighear mil gach bliadhna bho na beachlainn, agus bidh sin ri cheannach bho bhùth na Pàrlamaid.

Siostam Riaghlaidh Àrainneachdail


Fhuair Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba ISO 14001:2004 – an inbhe aithnichte gu h-eadar-nàiseanta airson siostaman rianachd àrainneachdail – san Fhaoilleach 2007 agus chùm i oirre a’ gleidheadh an teisteanais bhon uair sin. Tha an siostam a’ buntainn do na h-aitreabhan is na goireasan air làrach Pàrlamaid na h-Alba. Gus an inbhe fhaighinn agus a ghleidheadh, feumaidh buidheann dearbhadh do sgrùdaiche àrainneachdail a-muigh gun deach siostam rianachd àrainneachdail a chur an làn ghnìomh agus gu bheil e air a chumail suas gu dian. Tha an siostam a’ dèanamh cinnteach gu bheil an àrainneachd ga toirt fa-near air feadh na buidhne agus gu bheil na raointean a bheir buaidh, no droch bhuaidh oirre, air an lèirmheasadh agus air an smachdachadh gu riaghailteach.

Dè a th’ ann an siostam rianachd àrainneachdail?

Tha siostam rianachd àrainneachdail na dhòigh air “Planadh, Dèanamh, Dearbhadh agus Lèirmheasadh” gus dèanadas àrainneachdail a leasachadh.

Tha an inbhe a’ measadh an dòigh sa bheil buidheann:

- a’ filleadh a-steach suim don àrainneachd leis na structaran stiùiridh aca.
- a’ làimhseachadh nam buaidhean àrainneachdail aice agus a’ sìor leasachadh an dèanadais àrainneachdail aice ann an raointean leithid sgudail, lùtha agus solair.
- a’ cumail ris an lagh a thaobh a h-uile reachdais àrainneachdail iomchaidh.



Mar thoradh air an adhartas a rinneadh ann an 2014/15, chaidh aontachadh ris na targaidean a leanas airson nam bliadhnaichean ri thighinn.

Targaidean	2015/16	2019/20
Sgaoilidhean Carboin		
Lùghdaich sgaoilidhean carboin bhon t-suim iomlan ann an 2005/06:	34%	42%
Dealain		
Lùghdaich caitheamh dealain bhon t-suim iomlan ann an 2005/06:	34%	40%
Gas		
Lùghdaich caitheamh gas bhon t-suim iomlan ann an 2005/06:	15%	15%
Uisge		
Lùghdaich caitheamh uisge bhon t-suim iomlan ann an 2011/12:	12%	15%
Sgudal		
Lùghdaich sgudal-làraich bhon t-suim iomlan ann an 2005/06:	72%	90%
Pàipear		
Lùghdaich caitheamh pàipeir: 35% bhon t-suim iomlan ann an seisean 2 rè seisein 4 (2011-2016)		

Airson tuilleadh fiosrachaidh air Pàrlamaid na h-Alba, cuir fios gu
Fiosrachadh a' Phobail:



Fiosrachadh a' Phobail
Pàrlamaid na h-Alba
Dùn Èideann
EH99 1SP



0800 092 7500
or 0131 348 5000
0131 348 5395 (Gàidhlig)

Tha sinn cuideachd a' cur fàilte air brathan leis an t-seirbheis Text Relay.



Cuir teacsa gu Pàrlamaid na
h-Alba air 07786 209888



gaidhlig@scottish.parliament.uk



www.parlaimaid-alba.org



@ParlAlba



/scottishparliament



/scottishparl



parlaimaidalba.wordpress.org

Cuir fios thugainn ma tha feum agad air lethbhreac den bhileag seo ann
an cànan no cruth eile.

